Màthair: Iasg agus sliseagan.

Seòras: Iasg? Chan eil mi ag iarraidh iasg. Tha mise a' dol dhan leabaidh.

Màthair: Ach...

Faclean Feumail

greis-obrach
an cidhe

work experience
the pier



Bruidhinn

21. Greis-obrach

- Bidh thu fhèin a' falbh air greis-obrach.
- Bruidhinn ri do charaid.
- Càit a bheil thu ag iarraidh obair?
- Carson?

Your school is going to organise work experience for you. Where would you like to work? Why? Discuss with your partner/group.

Bidh mi ag obair aig taigh-bidh anns a' bhaile. Bidh mi ag obair còmhla ri neach-frithealaidh agus còcaire.



Tha thu deiseil de Mhodal 2 Aonad 1

'S math a rinn thu!

Now check your success list to see how you are getting on.

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air a chèile.

Check that you can do the following. Test yourself with a partner.



<input type="checkbox"/>	'S urrainn dhomh / I can:	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Name a range of jobs in Gaelic	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask where someone works	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say where someone works	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask what someone does at work	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say what someone does at work	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Ask when someone starts/finishes work	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say when someone starts/finishes work	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say that someone will be doing something	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say that someone will not be doing something	<input type="checkbox"/>
<input type="checkbox"/>	Say that I will go somewhere	<input type="checkbox"/>

Faclan is Abairtean

***female *polite/plural*

Obraichean

bancair
bèicear
bùidsear
clachair
cleasaiche
craoladair
ficlair
gruagaire
manaidsear
neach-frithealaidh
neach-lagha
peantair
post
sagart
saighdear
saor
seinneadair
tidsear

Càit am bi thu/sibh ag obair?*

A bheil an t-airgead math?
Tha/chan eil an t-airgead math.
Bidh mi a' faighinn ... a h-uile seachdain.
a-muigh
Am bi...?
Bidh.
Cha bhi.
Am bi thu/sibh ag obair?*Bidh mi ag obair.
Cha bhi mi ag obair.
Bidh mi a' bruidhinn ri daoine.
Bidh mi a' tòiseachadh aig...
Bidh mi deiseil aig...
aig an taigh
air an TBh
ann am banca
ann am bùth a' bhùidseir
ann am factaraidh
ann an oifis a' phuist
ann an oifis mhòr
ann an sgoil-àraich
ann an stèisean rèidio
ann an stiùidio

Jobs

banker
baker
butcher
builder
actor
broadcaster
dentist
hairdresser
manager
waiter/waitress
lawyer
painter
postman/woman
priest
soldier
joiner
singer
teacher

Where do you work?

Is the money good?
The money is/isn't good.
I get ... every week.
outside
Will ... be?
Yes, ... will be. (in answer to Am bi...?)
No, ... will not be. (in answer to Am bi...?)
Do you work?/Will you be working?
I work/I will be working.
I don't work/I will not be working.
I talk to people.
I start at...
I finish at...
at home
on the TV
in a bank
in a butcher's shop
in a factory
in a post office
in a big office
in a nursery school
in a radio station
in a studio

le airgead
 le falt
 greis-obrach, a' ghreis-obrach (f)
 leabharlann, an leabharlann (m)
 a' dèanamh rudan
 a' dèanamh rannsachadh
 a' dràibheadh
 a' frithealadh
 a' glanadh
 a' teagasg eachdraidh
 còmhla ri clann
 còmhla ri daoine
 Cuin a bhios tu/sibh a' tòiseachadh?
 Cuin a bhios tu/sibh deiseil?
 Dè bhios tu/sibh a' dèanamh?
 nuair a tha mi nas sine
 Tha mi ag iarraidh obair air bàta.

Thèid mi...

dhan
 dhan bhaile
 dhan bhanca
 dhan bhùth
 dhan chafaidh
 dhan chèilidh
 dhan chidhe
 dhan chlub-òigridh
 dhan cholaiste
 dhan dotair
 dhan eaglais
 dhan fhactaraidh
 dhan fhiacclair
 dhan gharaidh
 dhan leabaidh
 dhan leabharlann
 dhan oifis
 dhan phàirc
 dhan sgoil
 dhan stèisean
 dhan taigh-bidh
 dhan taigh-dhealbh

Eile

clann, a' chlann (f)
 Lionsaidh
 MacArtair/NicArtair**
 ro ghoirid

with money
 with hair
 work experience, the work experience
 library
 making things
 doing research/a survey
 driving
 serving
 cleaning
 teaching history
 with children
 with people
 When do you start?
 When do you finish?
 What do you do?
 when I am older
 I want a job on a boat.

I will go/I go...

to the
 to the town/village
 to the bank
 to the shop
 to the café
 to the ceilidh
 to the pier
 to the youth club
 to college
 to the doctor
 to the church
 to the factory
 to the dentist
 to the garage
 to bed
 to the library
 to the office
 to the park
 to the school
 to the station
 to the restaurant
 to the cinema

Other

children, the children
 Lynsey
 MacArthur
 too short



Sùil air ais 1 Dè an obair a th' aca?

- Leugh na seantansan Beurla.
- Dè an obair a th' aca?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Solve the clues to find the jobs. Write in Gaelic. Watch your spelling!

1. This person is an expert in making cakes and bread.
2. This person spends his working life on a stage or on the big screen.
3. Fancy a new hairstyle? This person is an expert with the scissors.
4. Join the army to become one of these.
5. This person works with wood.
6. You need a good voice to make a career as one of these.
7. This person might spend his/her day going round houses in a red van or on a bicycle.
8. Call one of these to have your house re-decorated.
9. This person is the boss of a shop or a bank.
10. This person works in the media – on television or radio.





Sùil air ais 2 Dè bhios iad a' dèanamh?

- Dè an obair a th' aca?
- Dè bhios iad a' dèanamh?
- Cuir dealbh agus faclan còmhla.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

What jobs do these people have? What do they do at work? Match each picture to a sentence below. Write the sentences in Gaelic and in English. An example has been done for you.

Mar eisimpleir:

'S e iasgair a th' annam. Bidh mi ag obair air bàta.

I am a fisherman. I work on a boat.



1.



2.



3.



4.



5.



6.



7.



8.



a. Bidh mi ag obair ann am bùth a' bhùidseir.

b. Bidh mi ag obair le airgead.

h. Bidh mi a' bruidhinn ri daoine agus ag obair ann an oifis.

c. Bidh mi ag obair a-muigh.

d. Bidh mi a' frithealadh dhaoine, a' dèanamh tì agus cofaidh agus a' glanadh.

g. Bidh mi ag obair ann an eaglais.

e. Bidh mi ag obair ann an stiùidio ann an stèisean rèidio.

f. Bidh mi ag obair còmhla ri clann, a' teagasg Saidheans.



Sùil air ais 3 Càit an tèid iad?

- Leugh na seantansan.
- Càit an tèid na daoine?
- Carson?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read the sentences. Match where each person is going to the reason why. Write the information in sentences in Gaelic and English. An example has been done for you.

Mar eisimpleir: Thèid Fionnlagh dhan bhanca. Tha e ag iarraidh airgead.

Finlay will go to the bank. He wants money.

- | | |
|---|---------------------------------|
| 1. Thèid Pòl dhan dotair an-diugh. | a. Bidh i a' ceannach preasant. |
| 2. Thèid Marsaili dhan chafaidh. | b. Chan eil e gu math. |
| 3. Thèid Eilidh dhan gharaids an-diugh. | c. Tha an dèideadh oirre. |
| 4. Thèid Crisdean dhan leabaidh tràth. | d. Tha am pathadh oirre. |
| 5. Thèid Flòraidh dhan bhùth. | e. Bidh e a' seinn. |
| 6. Thèid Ailean dhan leabharlann. | f. Bidh e a' gabhail dinnear. |
| 7. Thèid Siùsaidh dhan fhiaclair. | g. Tha i ag iarraidh càr. |
| 8. Thèid Dùghlas dhan taigh-bìdh. | h. Tha e uabhasach sgìth. |
| 9. Thèid Cairistiona dhan phàirc. | i. Tha e ag iarraidh leabhar. |
| 10. Thèid Donnchadh dhan chèilidh. | j. Bidh i a' cluich iomain. |



Sùil air ais 4 Sradag (1)

- Tha Màiri-Ceit a' bruidhinn ris an iris Sradag.
- Tha i a' bruidhinn air obair.
- Leugh an earrann.
- Freagair na ceistean.

Mary Kate is talking to the teenage magazine **Sradag** about her part-time job. Read the article and answer the questions.



Dè an t-ainm a th' ort?

Is mise Màiri-Ceit NicNèill.

Dè an aois a tha thu?

Tha mi sia-deug.

Dè an obair a th' agad?

'S e neach-frithealaidh agus còcaire a th' annam.

Càit am bi thu ag obair?

Bidh mi ag obair ann an taigh-bìdh. 'S e Gabriella's an t-ainm a th' air agus bidh iad a' dèanamh piotsa agus pasta. Is fìor thoigh leam piotsa!

Dè bhios tu a' dèanamh?

Mar as trice, bidh mi a' frithealadh ach uaireannan bidh mi a' còcaireachd agus tha sin a' còrdadh rium. Is toigh leam daoine ach

tha còcaireachd nas fheàrr. Bidh mi a' dèanamh piotsa, sailead agus mhilsean. Tha am piotsa Americana uabhasach blasta. Tha tomàto, càise agus isbeanan air.

Cuin a bhios tu a' tòiseachadh?

Dihaoine, bidh mi a' tòiseachadh aig sia uairean feasgar agus Disathairne bidh mi a' tòiseachadh aig aon uair deug anns a' mhadainn.

Cuin a bhios tu deiseil?

Bidh mi deiseil aig deich uairean feasgar Dihaoine agus trì uairean Disathairne.

A bheil an obair a' còrdadh riut?

Tha gu dearbh.

Carson?

'S toigh leam còcaireachd agus tha am manaidsear laghach.

A bheil an t-airgead math?

Tha, tha e glè mhath.

Dè bhios tu a' faighinn a h-uile seachdain?

Bidh mi a' faighinn ceathrad not a h-uile seachdain.

Dè an obair a tha thu ag iarraidh nuair a tha thu nas sine?

Thèid mi dhan cholaiste. Tha mi ag iarraidh obair còmhla ri clann ann an sgoil-àraich.

Ceistean

1. What two jobs does Mary Kate do when she works at Gabriella's?
2. What kind of food does Gabriella's serve?
3. Which of the two jobs does she:
 - a. do most often?
 - b. prefer?
4. Name two of the three things Mary Kate makes at work.
5. Which three toppings are on the Americana?
6. How many hours does Mary Kate work
 - a. on Fridays?
 - b. on Saturdays?
7. How much does she earn per hour?
8. What two reasons does she give for enjoying her job?
9. What does she plan to do when she is older?



Sradag (2)

- Èist ri Donnchadh. (Earrann 12)
- Tha Donnchadh a' dèanamh podcast airson Sradag.
- Tha e a' bruidhinn mu obair.
- Coimhead air na ceistean.
- Freagair na ceistean.

Listen to Duncan. Duncan is doing a podcast for the website of **Sradag** magazine. He is talking about his part-time job. Takes notes. Write as much information as you can. You don't have to write in sentences. The headings below should help you.



Name

Age

Work

Where?

What do you do?

When do you start?

When do you finish?

Do you enjoy the work?

Why?

Is the pay good?

What do you get each week?

What work would you like when you are older?



Bruidhinn



Èist



Sgrìobh



Cultar



Obair

Sradag (3)

- Èist ris na ceistean. (Earrann 13)
- Tha Sradag ag iarraidh bruidhinn riutsa mu obair.
- Clàraich no sgrìobh do fhreagairtean.

Sradag magazine wants you to do a podcast or an article about your job. If you choose to do a podcast, you should speak/record your answers. If you choose to do an article, you should write your answers.

Ag obair ann an saoghal na Gàidhlig

- Leugh an earrann.

Read the extract.

Tònaidh Kearney

Tha Tònaidh Kearney ainmeil ann an Alba. 'S e cleasaiche agus craoladair a th' ann. Bidh e a' cluich Scott Ualas anns a' phrògram *River City* air BBC a h-aon. Fhuair e an obair ann an 2002. Tha na daoine a' fuireach ann an Shìeldinch ann an Glaschu.

Am bi thu a' coimhead *River City*?

Bidh *River City* air an TBh a h-uile Dimàirt. Bidh e a' tòiseachadh aig ochd uairean feasgar agus bidh e deiseil aig naoi. Bidh e air a-rithist Là na Sàbaid. Siuthad! Thoir sùil air!

Eachdraidh

Rugadh Tònaidh ann an Sruighlea agus tha an teaghlach aige a' fuireach ann am Barraigh. Tha e a-nis a' fuireach ann an Glaschu. Tha Gàidhlig aig Tònaidh agus bidh e a' dèanamh prògraman Gàidhlig cuideachd. Bha e air *Machair, Ran Dan, Colin and Cumberland, A gu U am faca tu?* agus tòrr eile.



Obair 1

- Coimhead air an fhilm. (Earrann bhidio 1)
- Tha Tònaidh a' bruidhinn mu obair.
- A bheil thu a' tuigsinn?
- Bruidhinn ri do charaid mu obair Thònaidh.

Look at the film clip. Tony is talking about his work. Talk to your partner about what you learned.

- Leugh an earrann.

Read the extract.

Kirsteen NicDhòmhnaill

'S e craoladair a th' ann an Kirsteen NicDhòmhnaill. Bidh i ag obair air an TBh. Bidh i ag aithris na sìde air *An Là* air BBC Alba. Bidh *An Là* a' tòiseachadh aig ochd uairean a h-uile feasgar. Bidh i cuideachd a' leughadh nan naidheachdan a h-uile Là na Sàbaid air a' phrògram *Seachd Là*. Tha sin a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh sia feasgar. Fhuair i an obair seo ann an 2008.

'S e seinneadair a th' innte cuideachd. Tha i uabhasach math air seinn ann an Gàidhlig. Fhuair i Am Bonn Òir aig a' Mhòd ann an 2006 agus Bonn Òir an t-Seann Nòis ann an 2008. 'S math a rinn i! Tha CD aice anns na bùthan. 'S e *A' Chiad Sealladh* an t-ainm a th' air. Siuthad! Èist ri Kirsteen a' seinn!

Eachdraidh

Rugadh Kirsteen ann an Inbhir Nis ach tha i a-nis a' fuireach agus ag obair ann an Glaschu. Chaidh i gu Bun-sgoil a' Mheadhain agus Acadamaidh Allt a' Mhuilinn. Bha i an uair sin aig colaiste Sabhal Mòr Ostaig airson trì bliadhna.

An dèidh sin, bha i ag obair air a' phrògram *Dè a-nis?* Bha i cuideachd ag obair air na naidheachdan air Radio nan Gàidheal.

ag aithris na sìde reporting the weather

na naidheachdan the news

Am Bonn Òir The Gold Medal

Chaidh i She went

Bun-sgoil a' Mheadhain Central Primary

Acadamaidh Allt a' Mhuilinn Millburn Academy

Bonn Òir an t-Seann Nòis The Traditional Gold Medal



Obair 2

- Coimhead air an fhilm. (Earrann bhidio 2)
- Tha Kirsteen a' bruidhinn mu h-obair.
- A bheil thu a' tuigsinn?
- Bruidhinn ri do charaid mu obair Kirsteen.

Look at the film clip. Kirsteen is talking about her work. Talk to your partner about what you learned.



Faigh fios

- A bheil thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu obraichean Gàidhlig?
- Coimhead air an eadar-lìon.

Do you want to find out more about work in Gaelic? Look online for more information.



Different hobbies/pastimes

Say what you like most/least

Say what you are able/unable to do

Say what you prefer

Dè na cur-seachadan a th' agad?

Cànan:

Dè na cur-seachadan a th' agad?

Is fheàrr leam... /Is lugha orm...

An urrainn dhut...? 'S urrainn dhomh.../Chan urrainn dhomh...



Bruidhinn



Èist



Leugh



Sgrìobh



Coimhead

In Ceumannan 1, you learned to talk about the hobbies and activities you enjoy. That vocabulary will be useful to you again in this unit. You may need to have a look back over Ceumannan 1 Modal 4 Aonad 2.



Sùil air ais 1a A bheil cuimhn' agad?

- Dè na faclan is abairtean a th' agad air cur-seachadan?
- Dèan liosta no craobh cuimhne.

What words and phrases can you remember on the topic of hobbies/pastimes? Make a list of everything you can remember. Your teacher may set a stopwatch for between two and five minutes. If it helps, make a memory tree.

Sùil air ais 1b Liostaichean

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air na liostaichean.
- A bheil cuimhn' agad air gach facal?

With your partner, compare lists. If your partner has something written that you don't remember or understand, ask him/her to explain it to you.

2a. Deuchainn bheag

- Obraich còmhla ri caraid.
- A bheil cuimhn' agad air na h-abairtean seo?
- Cuir Beurla orra.

Work with a partner/group. Can you remember what these mean? Translate into English. You don't need to write them.

- Dè na cur-seachadan as toigh leat?
- An toigh leat iomain?
- A bheil leughadh a' còrdadh riut?
- Cha toigh leam snàmh.
- Chan eil marcachd a' còrdadh rium.
- Is beag orm rugbaidh.





2b. Deuchainn bheag eile

- Obraich còmhla ri caraid.
- A bheil cuimhn' agad air na h-abairtean seo?
- Cuir Gàidhlig orra.

Work with a partner/group. Can you remember what these mean? Translate into Gaelic. You don't need to write them.

- I like watching the TV.
- I enjoy listening to music.
- I don't like fishing.
- I don't enjoy drama.
- I hate dancing.




3a. An toigh leat...?

- Èist ris a' chlas. (Earrann 1)
- Tha iad a' dèanamh rannsachadh air cur-seachadan.
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè an cur-seachad a th' ann?
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

The pupils in the class are doing a survey about hobbies. Listen to them. Look at the pictures. What hobby is it? An example has been done for you.

a	b	c	d	e	f	g	h	i	j
6									





3b. Dè do bheachd air?

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 1)
- Coimhead air na dealbhan a-rithist.
- Dè am beachd a th' aig daoine air na cur-seachadan?
- Lìon an clàr.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Listen to the extract again. What do the pupils think of the hobbies/pastimes? Complete the table. An example has been done for you.

	Ainm/Name	Cur-seachad/Hobby	Beachd/Opinion
a.	Lorna	Swimming	Fed up of it
b.			
c.			
d.			
e.			
f.			
g.			
h.			
i.			
j.			





4. Dè na cur-seachadan as toigh leat fhèin?

- Obraich ann am buidheann.
- Bruidhinn ri do charaidean.
- Dè am beachd a th' aca air cur-seachadan?

Work in a group. Talk to your partners. What are their opinions on hobbies?

5. Is beag orm ruith!

- Tha an clas a' sgrìobhadh mu chur-seachadan.
- Leugh na beachdan.
- Sgrìobh gach beachd ann am Beurla.

The class is writing about hobbies. Read the opinions. Write each opinion in English.

	Ainm/Name	Beachd/Opinion
a.	Lucy	Is fìor thoigh leam spòrs. Tha ruith math, ach tha snàmh nas fheàrr.
b.	Anndra	Is lugha orm dannsa. Cha toigh leam ceòl pop idir.
c.	Màrtainn	Chan eil ball-coise doirbh idir. Tha mi math air agus tha mi ann an sgioba na sgoile.
d.	Anna	Tha seinn a' còrdadh rium. Bidh mi a' seinn aig a' Mhòd san Dàmhair.
e.	Ailean	Tha rugbaidh math ach tha iomain nas fheàrr. Tha gèam agam Disathairne anns a' Ghearasdan.
f.	Karen	Tha each agam agus is fìor thoigh leam marcachd.
g.	Jaleel	Tha taigh-bìdh aig mo phàrantan ach cha toigh leam còcaireachd idir. Is lugha orm i.



6. Cur-seachadan: mo bheachdan

- Dè as toigh leat fhèin?
- Dè nach toigh leat?
- Sgrìobh do bheachdan air diofar chur-seachadan.
- Cleachd gach abairt.
- Cleachd na dealbhan beaga.

What are your own likes and dislikes? Write your opinion of different hobbies. Use all the phrases below. Use the icons to illustrate each opinion.



An toigh leat...?



Is fìor toigh leam



Is toigh leam



Ceart gu leòr



Cha toigh leam



Is lugha orm



7. Cur-seachadan eile

- Èist ris an earrainn. (Earrann 2)
- Tha daoine a' bruidhinn mu chur-seachadan eile.
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè na cur-seachadan a th' aca?

Listen to the extract. You will hear people talking about hobbies. Look at the pictures. What are their hobbies?

a.



b.



c.



d.



e.



f.



g.



h.



i.



j.



k.



l.



Cur-seachadan eile



teanas



sèoladh



falbh air baidhsagal



falbh air bòrd-spèilidh



sgitheadh



spèileadh



snucair



dannsa Gàidhealach



lùth-chleasan



falbh air cuad



coimhead air an eadar-lìon



coiseachd-monaidh



8. Dè na cur-seachadan a th' agad?

- Èist ris an earrainn. (Earrann 3)
- Tha na daoine a' bruidhinn mu chur-seachadan.
- Dè na cur-seachadan?
- Dè am beachd a th' aca air na cur-seachadan?
- Lìon an clàr.

Listen to the extract. The people are talking about hobbies. Which hobbies are mentioned? What opinions are given? Complete the table.

	Ainm/ Name	Cur-seachadan/hobbies	Beachdan/opinions
a.	Charles		
b.	Peggy		
c.	Neil		
d.	Christine		
e.	Duncan		



9. Is fìor thoigh leam lùth-chleasan!

- Leugh mu na daoine seo.
- Tha iad a' bruidhinn mu chur-seachadan.
- Dè na beachdan a th' aca?
- Sgrìobh an clàr.
- Sgrìobh ann am Beurla.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Read about these people. They are talking about hobbies. What are their opinions? Complete the table in English. An example has been done for you.



Beachd/ Opinion	David: Hobbies	Kirsty: Hobbies
😊😊		
😊	Athletics	
😐		
😞		
😞😞		Hillwalking

Is toigh leam lùth-chleasan. Tha mi math air spòrs anns an sgoil. Is fìor thoigh leam ruith, teanas agus falbh air baidhsagal cuideachd. Tha ball-coise agus iomain ceart gu leòr ach chan eil mi cho math orra. Cha toigh leam snuair no coimhead an TBh. Is lugha orm Coronation Street!

Daibhidh

Is lugha orm coiseachd-monaidh. Chan eil i inntinneach idir! Is fìor thoigh leam spèileadh agus dannsa Gàidhealach agus is toigh leam bruidhinn ri mo charaidean agus èisteachd ri ceòl cuideachd. Bidh mi uaireannan a' coimhead air an eadar-lìon agus tha sin ceart gu leòr.

Ciorstaidh



10. Cur-seachadan: mo bheachdan

- Sgrìobh paragraf air cur-seachadan a-nis.
- Dè do bheachd air na cur-seachadan agad fhèin?
- Faodaidh tu am fiosrachadh a sgrìobhadh ann an seantansan no ann an clàr.

Now write a little about your opinions of some hobbies. You may write the information in sentences or in a table like David and Kirsty have done.

Mar seo:

no:

Is fìor thoigh leam...

Beachd	Cur-seachadan
😊😊	
😊	
😐	
😞	Dannsa Gàidhealach
😞😞	



11. Dè do bheachd fhèin?

- Oobraich còmhla ri caraid no ann am buidheann.
- Bruidhinn mu chur-seachadan.
- Dè na beachdan a th' aig a h-uile duine air diofar chur-seachadan?
- Faodaidh tu ceistean a chur orra mu na beachdan a th' aca.
- Sgrìobh na chanas iad ann am Beurla.
- Dèan clàr den fhiosrachadh.

Work with a partner or with a group. Talk about hobbies. What are their opinions on different hobbies? You may also want to ask them questions about why they have certain opinions. Make some notes in English about what they say. When you have finished, you can make a table of the information.





12. Is urrainn dhomh seinn

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 4)
- Dè as urrainn dhaibh a dhèanamh?
- Dè nach urrainn dhaibh a dhèanamh?

Listen to these people. What can they do? What can they not do?



13. An urrainn dhut ionnsramaid a chluich?

- Èist ris na daoine. (Earrann 5)
- An urrainn dhaibh ionnsramaid a chluich?
- Coimhead air na dealbhan.
- Dè an ionnsramaid?

Listen to the people. Can they play musical instruments? Which instrument can they play?



ceum cànan: language step

To ask if someone can do something, you say:

An urrainn dhut...? or **An urrainn dhuibh...?** (polite/plural) followed by whatever activity you want to know about.

An urrainn dhut seinn? Can you sing?

You may answer simply: **Is urrainn.** Yes, I can.

Chan urrainn. No, I can't

To say that you are able to do something, you say:

Is urrainn dhomh... followed by the thing you can do.

To say that you are not able to do something, you say:

Chan urrainn dhomh... followed by the thing you can't do.

Mar eisimpleir:

Is urrainn dhomh sgitheadh.

I can ski.

Chan urrainn dhomh spèileadh.

I can't ice skate.

Is urrainn dhomh iomain a chluich.

I can play shinty.

Chan urrainn dhomh teanas a chluich.

I can't play tennis.

Ionnsramaidean

am piàno




an fhidheall



am meur-chlàr



a' phìob



na drumaichean




an giotàr



am bogsa



a' chlàrsach



14. Is urrainn dhomh piàna a chluich

- Èist ris na daoine. (Earrann 6)
- An urrainn dhaibh ionnsramaid a chluich?
- Dè an ionnsramaid?
- Lion an clàr.

Listen to the people. Can they play musical instruments? Which instruments can they play? Complete the table.

	Ainm/Name	Ionnsramaid/ Instrument
a.	Anne	
b.		Keyboard
c.	Margaret	
d.		Pipes
e.		
f.		Harp
g.	Jane	
h.	William	

You will often hear people say:
Is urrainn dhomh a' phìob a sheinn.
I can play (sing) the pipes.





15. An urrainn dhut...?

- Obraich còmhla ri do charaid(ean).
- Coimhead air na dealbhan.
- Gabh turas mu seach.
- An urrainn dhaibh gach rud a dhèanamh?

Look at the pictures. Talk to your partner(s). Can they do each of these things? Take turn about.

Mar eisimpleir:





16a. Is urrainn dhomh marcachd

- Leugh mu na daoine.
- Tha iad a' bruidhinn air cur-seachadan.
- Dè as urrainn dhaibh a dhèanamh?
- Maids an dealbh ceart ri gach duine.

Read about the people below. They are talking about hobbies. What can each person do?
Match each picture with the correct person. You may match more than one picture to each person.

1

Is urrainn dhomh marcachd. Tha each agam. 'S e Eachann an t-ainm a th' air. Tha e mòr, donn agus uabhasach math air ruith! Is toigh leam spòrs. Tha lùth-chleasan ceart gu leòr ach tha snàmh nas fheàrr. Chan urrainn dhomh ionnsramaid a chluich. Chan eil mi math air ceòl idir agus chan urrainn dhomh dannsa. Is lugha orm ceòl pop.

Alana, Peairt

2

Is toigh leam èisteachd ri ceòl. Is urrainn dhomh am bogsa a chluich. Chan eil mi uabhasach math air, ach tha e a' còrdadh rium. The mi math air spòrs. Is fìor thoigh leam iomain agus tha teanas math cuideachd. Bidh mi fhèin agus mo phiuthar a' dol gu club teanas a h-uile Disathairne.

Fionnlagh, Glaschu

3

Is fìor thoigh leam seòladh ach chan urrainn dhomh snàmh! Tha bàta aig m' athair agus bidh sinn a' dol a-mach a h-uile Disathairne. Bidh sinn uaireannan a' seòladh dhan Oban. Cha toigh leam geamannan coimpiutair no coimhead an TBh. Is urrainn dhomh am piàna a chluich agus is urrainn dhomh seinn. Bidh mi a' seinn ann an còisir Ghàidhlig. Tha mi math air dannsa Gàidhealach cuideachd.

Eilidh, Muile

4

Is urrainn dhomh an giotàr agus na drumichean a chluich. Tha mi ann an còmhlan agus bidh sinn a' cluich ceòl rock. Tha geamannan coimpiutair, coimhead air an eadar-lìon agus ball-coise a' còrdadh rium ach is fìor thoigh leam falbh air cuad. Tha cuad aig m' athair. 'S e croitear a th' ann. Bidh mi fhèin ag obair air a' chroit uaireannan cuideachd.

Niall, Barraigh

a.



b.



c.



d.



e.



f.



Dealbh/
picture

1

2

3

4



16b. Tha cuad aig m' athair

- Leugh na h-earrannan a-rithist.
- Freagair na ceistean.
- Freagair ann am Beurla.

Read the passages again. Answer the questions in English.

1. Which sports does Alana mention?
2. Which two things can she not do?
3. Which sport does Finlay really like?
4. Who plays tennis with him?
5. Why do you think sailing is an unusual choice of hobby for Helen?
6. Who goes sailing with her?
7. Where do they sometimes go?
8. What does she say she is good at?
9. Name one activity Neil enjoys.
10. Which activity does he like best?



16c. Faclan Gàidhlig

- Leugh na h-earrannan a-rithist.
- Lorg na h-abairtean/faclan seo.
- Sgrìobh na h-abairtean/faclan ann an Gàidhlig.

Read the extracts again. Find the words/phrases in the extracts. Write the words/phrases in Gaelic.

- a. a band
- b. every Saturday
- c. Gaelic choir
- d. sometimes
- e. I hate
- f. crofter
- g. I enjoy it
- h. also
- i. ok
- j. or



17. An urrainn dhut spèileadh?

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Tagh ceist no dhà.
- Dè as urrainn do dhaoine a dhèanamh?
- Faighnich dhan tidsear cuideachd.
- Dèan clàr.

Do a survey of your class. Ask one or two questions. What can people do? Include your teacher in your survey too. Record your results in a table.

An urrainn dhut/dhuibh spèileadh?

Ainm	Is urrainn	Chan urrainn
Sine	✓	
Daibhidh		✗
Mgr MacLeòid	✓	



ceum cànan: language step

You already know how to say that you like/don't like certain things and why. You could use some of these phrases and other phrases you have learned to give a bit more detail about the things you can and can't do.

Mar eisimpleir:

'S urrainn dhomh còcaireachd. Is fìor thoigh leam i agus tha mi math oirre!

I can cook. I really like it and I'm good at it!

Chan urrainn dhomh sgitheadh. Tha e doirbh.

I can't ski. It is difficult.

Is urrainn dhomh a' chlàrsach a chluich. Tha i furasta.

I can play the harp. It's easy.

Is urrainn dhomh am meur-chlàr a chluich. Tha mi ann an còmhlan.

Bidh mi a' seinn cuideachd.

I can play the keyboard. I'm in a band. I sing too.



18a. Chan urrainn dhomh sgitheadh

- Leugh mu Iain agus Màiri.
- Dè as urrainn dhaibh a dhèanamh?
- Dè nach urrainn dhaibh a dhèanamh?
- Lion na beàrnan.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Read about John and Mary. What can and can't they do? Fill in the blanks. An example has been done for you.



Hà. Is mise Màiri Robasdan. Disathairne, bidh mi a' cluich aig fèis. Is urrainn dhomh piàna agus clàrsach a chluich. Is fìor thoigh leam ceòl. Tha e furasta agus tha e a' còrdadh rium. Bidh mi a' cluich ann an còmhlan.

Ach, chan eil mi cho math air spòrs. Is toigh le mo phiuthar sgitheadh agus spèileadh ach chan urrainn dhòmhsa rudan mar sin a dhèanamh. Tha e ro dhoirbh. Aon turas, bha mi a' sgitheadh ach thuit mi agus bha mo chas briste. Tha an t-eagal orm a-nise.



Hallò. Iain MacIlllosa an seo. Air an deireadh sheachdain, is toigh leam a bhith a-muigh. Chan urrainn dhomh fuireach a-staigh idir. Tha bàta aig m' athair agus bidh mi a' dol a-mach còmhla ri m' athair agus mo sheanair. Is urrainn dhomh seòladh agus iasgach agus nuair a bhios latha math ann, bidh mi a' snàmh cuideachd. Tha gràin agam air an sgoil – chan urrainn dhomh Ceòl no Ealain a dhèanamh agus chan eil mi a' tuigsinn Matamataig. Ach, tha mi coma. Tha seòladh fada nas fheàrr.

Màiri

Hi. I'm Mary Robertson. On _____, I will be _____ at a festival. I can play the _____ and the _____. I really like _____. It's _____ and I _____. it. I play in a _____. But, I'm not so good at _____. My _____ likes _____ and _____ but I _____ do things like that. It's too _____. Once, I was _____ but I _____ and I _____ my leg. I'm _____ now.

Iain

Hello. John _____ here. At the _____, I _____ being outside. I _____ stay in at all. My father has a _____ and I go out along with my father and my _____. I _____ sail and _____ and when it's a good day, I _____ too. I _____ school. I _____ do Music or _____ and I don't _____ Maths. But I don't _____. Sailing is far _____.



18b. Liostaichean

- Leugh na cur-seachadan anns a' bhogsa.
- Dè as urrainn dhut fhèin a dhèanamh?
- Dè nach urrainn dhut a dhèanamh?
- Lìon an clàr.
- Sgrìobh còig rudan anns gach colbh.

Read the list of hobbies in the box below. What can you do? What can't you do? Complete the table. Write at least five activities in each column.



Cur-seachadan

Is urrainn dhomh.../Chan urrainn dhomh...

còcaireachd
ruith
sèoladh
falbh air baidhsagal
spèileadh
na drumaichean a chluich
a' chlàrsach a chluich
am bogsa a chluich
iomain a chluich
geamannan coimpiutair a chluich

dannsa
seinn
marcachd
falbh air cuad
teanas a chluich
am piàna a chluich
an giotàr a chluich
a' phiob a sheinn
rugbaidh a chluich
teanas a chluich

iasgach
snàmh
sgitheadh
falbh air bòrd-spèilidh
dannsa Gàidhealach
an fhidheall a chluich
am meur-chlàr a chluich
ball-coise a chluich
snucair a chluich

Is urrainn dhomh...	Chan urrainn dhomh...
seinn	dannsa



18c. Chan urrainn dhomh seòladh

- Tagh còig cur-seachadan bhon liosta agad.
- Sgrìobh seantans no dhà airson gach cur-seachad.
- Dèan dealbh airson gach seantans.

Choose five activities from your list. Write a sentence or two about each activity. Draw a picture for each activity.

Mar eisimpleir:

Chan urrainn dhomh seòladh. Cha toigh leam an t-uisge agus bidh cur na mara orm.

I can't sail. I don't like the water and I get seasick.



19a. Abair seachdain thrang!

- Sgrìobh leabhar-latha.
- Tagh trì gu còig làithean anns an t-seachdain.
- Inns dè bhios tu a' dèanamh air na làithean sin.
- Sgrìobh cuin a bhios tu a' dèanamh gach rud.
- Sgrìobh do bheachd air gach rud.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Write a diary showing what activities you have planned for the week. Choose three to five days in the week. Write which activities you have planned for the week. Write what time you will be doing each activity. Write your opinion of each activity. Here is an example of a few days to help you get started.

Diardaoin 17 An t-Sultain	Dihaoine 18 An t-Sultain	Disathairne 19 An t-Sultain
Fidheall Ceithir uairean Tha seo ceart gu leòr. 😊 Obair-dachaigh Sia uairean Is lugha orm seo. 😞	Club-òigridh Anns an talla Ochd uairean feasgar Bidh mi a' cluich snuair agus a' bruidhinn ri mo charaidean. 😊 Is toigh leam seo. 😊	Ag obair Anns a' chafaidh Deich uairean anns a' mhadainn gu meadhan-latha Tha seo a' còrdadh rium. 😊 Spèileadh Dà uair feasgar Is fìor thoigh leam seo! Tha mi math air. 😊 😊





19b. Planaichean

- Obraich còmhla ri caraaid.
- Coimhead air an leabhar-latha agad.
- Bruidhinn ri do charaid mu na planaichean agad.
- Tagh rudeigin còmhla.
- An urrainn dhut a dhol ann còmhla ri do charaid?

Look at your diary. Speak to your partner about your plans. Is your partner busy every day? Choose something on the list you could do together. Can your partner go?



20. Is fheàrr leam Beurla

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 7)
- Dè as fheàrr leotha?

Listen to the people talking in the extract. What do they prefer?



21. 'S e Gàidhlig an cuspair as fheàrr leam

- Èist ris na daoine. (Earrann 8)
- Tha iad a' bruidhinn mu na rudan as fheàrr leotha.
- Dè as fheàrr leotha?
- A bheil gach seantans ceart no ceàrr?

Listen to these people. They are talking about their favourite things. What are they? Is each sentence true or false?

- Sarah's favourite colour is blue. **CEART/CEÀRR**
- Geography is Michael's favourite subject. **CEART/CEÀRR**
- Christine doesn't like curry. **CEART/CEÀRR**
- Vicky has to think carefully about her favourite day. **CEART/CEÀRR**
- Martin's favourite hobby is piping. **CEART/CEÀRR**
- Connor is thirsty. **CEART/CEÀRR**

ceum cànan: language step

If you want to find out what someone prefers, you ask:

Dè as fheàrr leat/leibh?

Dè as fheàrr leat? Còc, bainne no Irn Bru? What do you prefer? Coke, milk or Irn Bru?

To say what you prefer, you say:

Is fheàrr leam... followed by the thing you prefer.

Is fheàrr leam Irn Bru. I prefer Irn Bru.

Is toigh leam spèileadh ach is fheàrr leam sgitheadh. I like skating but I prefer skiing.

You may want to ask a more open question, without giving a choice:

Dè an cur-seachad as fheàrr leat? What is your favourite pastime?

Dè am biadh as fheàrr leibh? What is your favourite food?

To say that something is your favourite, you say:

Is e pìotsa am biadh as fheàrr leam. Pizza is my favourite food.

Is e gorm an dath as fheàrr leam. Blue is my favourite colour.



22a. Dè as fheàrr leat?

- Obraich còmhla ri caraid.
- Coimhead air an liosta gu h-ìseal.
- Dè as fheàrr leat?
- Dè as fheàrr le do charaid?

Work with a partner. Look at the list below. Ask your partner what he/she prefers from the choices. You should also try to make up some of your own questions. You could ask about bands, TV programmes, football teams, sweets – anything!

Mar eisimpleir:

Dè as fheàrr leat? Coimhead an TBh no èisteachd ri ceòl?

What do you prefer? Watching TV or listening to music?

Rugbaidh/ball-coise	baidhsagal/càr
Rangers/Celtic	seòclaid/measan
sùgh orainseir/còc	sliseagan/buntàta
Glaschu/Dùn Èideann	TBh/coimpiutair
Beurla/Gàidhlig	dearg/gorm



22b. Rugbaidh no ball-coise?

- Coimhead air an liosta a-rithist.
- Tagh sia pàidhrichean.
- Sgrìobh dè as fheàrr leat fhèin.
- Sgrìobh ann an seantansan.

Look at the list again. Choose six of the pairs above. Write which you prefer from each pair. Give reasons for your choices. Write in sentences.

Mar eisimpleir:

Rugbaidh/ball-coise: Is fheàrr leam rugbaidh. Chan eil ball-coise a' còrdadh rium.

ceum càinain: language step

You already know how to talk about your own likes, dislikes and favourites. If you want to talk about other people's likes and dislikes, it's easy! There are two little words you will need:

leis  and **leatha** 

Mar eisimpleir:

Is toigh leam spòrs.	I like sports.
Is toigh leis spòrs.	He likes sports.
Is toigh leatha spòrs.	She likes sports.
Is fìor thoigh leis teanas.	He really likes tennis.
Tha i math air snuair, ach is fheàrr leatha spèileadh.	She's good at snooker but she prefers skating.
Cha toigh leatha seinn.	She doesn't like singing.
Tha e math air Eaconamas Dachaigh ach is fheàrr leis Matamataig.	He is good at Home Economics but he prefers Maths.



23a. Rannsachadh

- Dèan rannsachadh anns a' chlas.
- Dè as fheàrr le daoine?
- Dèan clàr dhen fhiosrachadh.

Do some research in class. Find out what people prefer. Record the information.

Mar eisimpleir:

Ceist: Dè as fheàrr leat/leibh: iomain no ball-coise?


Ainm	Iomain	Ball-coise
Anndra	✓	
Catriona		✓
Jennifer	✓	
Mgr Stiùbhart	✓	



23b. Facal bhon tidsear

- Obraich còmhla ris a' chlas.
- Coimhead air an rannsachadh.
- Cuiridh an tidsear ceistean air a' chlas.

Work as a class. Look at your survey. Your teacher will ask you some questions about your results. Be ready to tell him/her about some of the answers you got.





24a. Is fheàrr leam an sgiorta ghorm

- Èist ris na daoine seo. (Earrann 9)
- Dè as fheàrr leatha?
- Lìon an clàr.

Listen to the people talking in the extract. What do they prefer? Complete the table.

	Ainm/Name	Dè as fheàrr leat?/What do you prefer?
a.	Helen	
b.	Alasdair	
c.	John	
d.	Mary	
e.	Gordon	
f.	Catherine	



24b. Dè as fheàrr leibh?

- Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 9)
- Leugh na seantansan.
- Lìon na beàrnan.


Listen to the extract again. Fill the blanks in the sentences below.

1. Helen's friend likes the _____.
2. Alasdair's teacher is called Miss _____.
3. John asks the waiter if he has any _____.
4. John's friend orders a _____ and _____ pizza.
5. Mary is _____ at skiing than she is at _____.
6. Gordon is not so _____ at playing the _____.
7. Catherine likes _____ but she is _____ at French.

25. Dè as fheàrr leat?

- Leugh mu na daoine seo.
- Dè as fheàrr leotha?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Read about the people below. What are their favourite things? Write in English.



'S math a rinn thu!

- An urrainn dhut na leanas a dhèanamh?
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dèan measadh air a chèile.

Check that you can do the following. Test yourself with a partner.



'S urrainn dhomh / I can:

- ☐ Name some hobbies/pastimes in Gaelic
- ☐ Give my opinion on some hobbies/pastimes
- ☐ Ask someone if he/she can do something
- ☐ Say that I am able/unable to do something
- ☐ Ask someone what he/she prefers
- ☐ Say what I prefer

☐
☐
☐
☐
☐
☐

Faclan is Abairtean

**polite/plural*

Beachdan

Is fìor thoigh leam...

Tha ... ceart gu leòr.

Is lugha orm...

Cur-seachadan

Dè na cur-seachadan a th' agad/agaibh?*

coimhead air an eadar-lìon

coiseachd-monaidh (f)

dannsa Gàidhealach (m)

falbh air baidhsagal

falbh air bòrd-spèilidh

falbh air cuad

lùth-chleasan

sèoladh (m)

sgitheadh (m)

snucair (m)

spèileadh (m)

teanas (m)

An urrainn dhut...?

An urrainn dhut a dhol...?

Is urrainn.

Chan urrainn.

Is urrainn dhomh sgitheadh.

Chan urrainn dhomh spèileadh.

An urrainn dhut/dhuibh ionnsramaid a chluich?*

Is urrainn dhomh ... a chluich.

Chan urrainn dhomh ... a chluich.

Is urrainn dhomh a' phìob a sheinn.

Chan urrainn dhomh càil a chluich.

Chì mi a-rithist thu!

Chì mi Disathairne thu!

bogsa, am bogsa (m)

clàrsach, a' chlàrsach (f)

drumaichean, na drumaichean

fidheall, an fhidheall (f)

giotàr, an giotàr (m)

ionnsramaid, an ionnsramaid (f)

na h-ionnsramaidean

meur-chlàr, am meur-chlàr (m)

piàna, am piàna (m)

pìob, a' phìob (f)

Opinions

I really like...

... is OK

I hate...

Hobbies

What are your hobbies?

surfing the net

hillwalking

highland dancing

cycling

skateboarding

quad biking

athletics

sailing

skiing

snooker

ice skating

tennis

Can you...?

Can you go...?

Yes, ...can. (in answer to An urrainn...?)

No, ...can't. (in answer to An urrainn...?)

I can ski.

I can't ice skate.

Can you play an instrument?

I can play...

I can't play...

I can play the pipes.

I can't play anything.

I'll see you later!

I'll see you on Saturday!

accordion, the accordion

harp, the harp

drums, the drums

fiddle, the fiddle

guitar, the guitar

instrument, the instrument

the instruments

keyboard, the keyboard

piano, the piano

bagpipes, the bagpipes

còmhlan, an còmhlan (m)
club teanas, an club teanas
Dè as fheàrr leat/leibh?*

Is fheàrr leam...

Is fheàrr leis...

Is fheàrr leatha...

Dè am biadh as fheàrr leibh?*

Dè an cur-seachad as fheàrr leat?

Is e gorm an dath as fheàrr leam.

Is e marcachd an cur-seachad as fheàrr leam.

Is e piotsa am biadh as fheàrr leam.

Is toigh leis spòrs.

Is toigh leatha spòrs.

Teàrlach

band, the band
tennis club, the tennis club
What do you prefer?
I prefer...
He prefers...
She prefers...
What is your favourite food?
What is your favourite pastime?
Blue is my favourite colour.
Horse riding is my favourite hobby.
Pizza is my favourite food.
He likes sports.
She likes sports.
Charles



Sùil air ais 1 Cur-seachadan

- Dè na cur-seachadan a tha seo?
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Solve the clues to find the correct hobbies. Write in Gaelic.


- If you are really good at this game you could end up playing at Wimbledon.
- You'll need hiking boots for this pastime.
- A fun four-wheel drive off-road hobby.
- The Sword Dance and the Highland Fling are well-known dances in this competitive hobby.
- A fast downhill winter sport.
- Wrap up warm and get your skates on!
- Get on your bike!
- Like surfing or snowboarding on wheels.
- Downloading, blogging, e-mailing, gaming and shopping can all be done in this pastime.

Sùil air ais 2 Is urrainn dhomh ionnsramaid a chluich

- Coimhead air na dealbhan.
- Leugh na seantansan.
- Maids dealbh ri seantans.
- Lìon an clàr.

Look at the pictures. Read the sentences. Match each picture with the correct sentence. Complete the table.

1	2	3	4	5	6





- Is urrainn dhomh a' phìob a sheinn ach chan urrainn dhomh na drumaichean a chluich.
- Is urrainn dhomh am meur-chlàr a chluich. Chan urrainn dhomh càil eile a chluich.
- Is urrainn dhomh am bogsa a chluich agus is urrainn dhomh seinn cuideachd. Tha mo charaid Eilidh math air a' phìob. Tha sinn ann an còmhlan.
- Chan urrainn dhomh am meur-chlàr a chluich idir. Is urrainn dhomh an fhidheall a chluich.
- Is urrainn dhomh a' chlarsach a chluich. Bidh mo phiuthar a' cluich air a' phiàna.
- Chan urrainn dhomh am bogsa a chluich ach is urrainn dhomh na drumaichean a chluich. Tha mi math orra!

Sùil air ais 3 Is fheàrr leam Cruinn-eòlas

- Dè as fheàrr leat fhèin?
- Coimhead air na dealbhan.
- Sgrìobh seantans ag innse dè as fheàrr leat.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Which do you prefer? Look at the pictures below. Write a sentence saying which you prefer from each pair.

Mar eisimpleir:

Is fheàrr leam Eachdraidh.

a.



b.



c.



d.



e.



f.



g.




h.



i.



j.





Sùil air ais 4 Leis no leatha?

- Leugh mu Mhàrtainn agus Sine.
- Lion na beàrnan anns na h-earrannan le faclan Gàidhlig.
- Sgrìobh na h-earrannan ann am Beurla cuideachd.

Read about Martin and Jane. Copy the paragraphs about Martin and Jane, filling in the blanks in Gaelic. Write the paragraphs in English.



Seo Màrtainn. Is fìor thoigh leis



agus



Is toigh leis




cuideachd. Chan eil e

math air



agus is lugha air



Is e



an cur-seachad as fheàrr _____.


Bidh e a'



a h-uile latha.



Seo Sine. Is e



an cur-seachad as fheàrr

_____. Is fìor thoigh leatha




cuideachd. Bidh i a' dol gu Diardaoin.



a h-uile

Chan eil



no



a' còrdadh ri Sine idir. Cha d' fhiach iad.



Sùil air ais 5a An consairt-sgoile

- Èist ri Mgr MacDhòmhnaill a' bruidhinn ris a' chlas. (Earrann 10)
- Tha consairt-sgoile ann Dihaoine.
- Dè as urrainn dhaibh a dhèanamh?
- Dèan liosta.

Class 2B is taking part in a fundraising concert at school. The Gaelic teacher, Mr MacDonald, is finding out who can play, dance and sing at the concert. Listen to him talking to the class. What can they do? Make a list.

Mar eisimpleir:

Helen – accordion

David – pipes...



Sùil air ais 5b Postair

- Dèan postair airson a' chonsairt.
- Càit a bheil e?
- Cuin?
- Cò tha a' cluich?
- Dè a' phrìs a tha e?
- A bheil fiosrachadh eile ann?

Make up a poster for the concert. Your poster should show where the concert is to be held, the date and time, what entertainment will be on offer, how much it costs and any other information.





Sùil air ais 6 Is toigh leam seòladh

- Leugh na seantansan.
- Lìon na beàrnan.
- Tagh na faclan bhon bhogsa.
- Sgrìobh ann am Beurla.

Read the sentences. Fill the blanks with the words from the box below. Translate into English.

- Is urrainn _____ teanas a chluich. Tha e a' còrdadh _____.
- _____ dhomh a dhol dhan chonsairt Dihaoine. Tha mi duilich.
- Is _____ orm lùth-_____. Chan eil mi math air spòrs.
- Is fìor thoigh leam falbh air _____ - _____.
- Is toigh leam seòladh ach is fheàrr _____ sgitheadh.
- A bheil thu trang a-nochd? _____ urrainn _____ a dhol dhan chlub-òigridh?



Faclan

chleasan	An	Chan	dhomh
rium	lugha	urrainn	dhut
leam	bòrd-spèilidh		





Geamaichean Gàidhealach



Highland Games (**Geamaichean Gàidhealach**) have been a feature of Scotland's summer calendar for well over a hundred years. In Scotland, Highland Games take place from mid June to the end of August. At most games, you will see the three events that make these gatherings unique – Highland dancing, piping and the heavy athletic competitions such as hammer throwing and tossing the caber. Other events that may be included are shinty, tug of war, hill races, track and field athletics and even sheep shearing and sheepdog trials.

Beagan eachdraidh

a postcard, the postcard, postcards
a castle, the castle
a canoe, the canoe
new friends
with you
Wake up!
a noise/sound, the noise/sound, noises/
sounds
my home
a monkey, the monkey, monkeys
Parliament, the Parliament
The Scottish Parliament
Pier Road
Hill Road
ever
Bank Street
Princes Street

bus-station, the bus-station
museum, the museum
I don't care/I don't mind.
It's snowing.
lots
lots of activities
lots of things




Sùil air ais 1 Òran math

- Leugh na seantansan.
- Lìon na beàrnan.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Read the sentences below. Each one has a verb missing. Copy the sentences and fill in the missing words. Translate each sentence into English.

1. _____ mi òran math air an rèidio.
2. _____ mi dhachaigh tràth.
3. _____ mi mo charaid anns a' chafaidh.
4. _____ mi dhan Fhraing air a' bhus.
5. _____ mi cèic ann an Eaconamas Dachaigh.



Sùil air ais 2 Cha chuala mi càil

- Maids aon phios de sheantans ri pios eile.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Match one part of each sentence to another. Write the full sentence in Gaelic and English.

obair ann an Gàidhlig.

Cha deach Beathag

fuaim.

Cha do rinn Seònaid

Iain anns an sgoil an-diugh.

Chan fhaca Anndra

Cha chuala Peigi

dhan phartaidh. Bha e ag obair.

a Bharraigh air saor-làithean.

Cha tàinig Cailean



Sùil air ais 3 Am faca tu Eilidh?

- Leugh na ceistean.
- Freagair gach ceist.

Answer each of these questions with yes or no.

1. Am faca tu film math anns an taigh-dhealbh?

Answer No: _____

2. An deach thu riamh a Leòdhas?

Answer No: _____

3. An do rinn thu càil Disathairne?

Answer Yes: _____

4. An tàinig Ruairidh dhan diosgo?

Answer Yes: _____

5. An cuala tu Fionnlagh a' seinn?

Answer No: _____

Sùil air ais 4 A bheil thu a' dol a chluich teanas?

- Coimhead air na bogsaichean.
- Tagh facal bho gach bogsa airson seantans slàn a dhèanamh.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus Beurla.

Choose words from each of the different coloured boxes to make a sentence. There may be more than one choice from each box. Write your chosen sentences in Gaelic and English. You should be able to make six sentences.

Mar eisimpleir:

Tha Catrìona
Catherine

a' dol a bhruidhinn
is going to talk

ri Daibhidh.
to David

Tha Cailean...
Chan eil Ruairidh...
Tha Peigi...
A bheil Mòrag...?
Chan eil Eilidh...
A bheil Seòras...?

a' dol a chluich
a' dol a ruith
a' dol a sheinn
a' dol a bhruidhinn
a' dol a dh'òl
a' dol a shnàmh
a' dol a dh'fhalbh
a' dol a choimhead

uisge.
ann an Gàidhlig.
air saor-làithean.
anns a' mhuir.
ri lain.
air a' mheur-chlàr.
teanas.
aig a' chonsairt.
a Ghlaschu.
dhachaigh.
air a' chlàrsaich.
prògram math.



Ceap Breatann an-diugh



Tha cultar agus cànan gu math **cudromach** dha na Gàidheil ann an Ceap Breatann. Ma thèid thu a Cheap Breatann, chì thu **buaidh nan Albannach** ann an ceòl, dannsa, òrain, creideamh, **cleachdaidhean** agus cuideachd anns na h-ainmean àite **air feadh** an eilein.

An dèidh **còrr is dà cheud bliadhna**, bidh daoine **fhathast** a' bruidhinn na Gàidhlig agus a' dol gu cèilidhean agus dannsaichean. 'S e **Canèidianaich** a th' anna ach 's e Albannaich th' anna cuideachd.

cudromach	important
buaidh nan Albannach	Scottish influence
cleachdaidhean	traditions/customs
air feadh	all over
còrr is...	more than...
dà cheud bliadhna	200 years
fhathast	still
Canèidianaich	Canadians

Cànan



An-diugh, tha Gàidhlig aig còrr is **ochd ceud duine** ann an Ceap Breatann. Bidh clann **ag ionnsachadh** Gàidhlig anns an sgoil agus aig fèisean.

Tha colaiste Ghàidhlig ann an Ceap Breatann. 'S e *The Gaelic College of Celtic Arts and Crafts* an t-ainm a th' oirre. **Thòisich** A.W.R. MacCoinnich a' cholaiste ann an 1938. 'S e ministear a

bh' ann. Thòisich e a' cholaiste ann an taigh beag ann an St Ann's. A-nis, bidh daoine a' dol dhan cholaiste bho air **feadh an t-saoghail**. Is urrainn dhut Gàidhlig, ionnsramaidean **traidiseanta**, òrain Ghàidhlig, dannsa Gàidhealach, dannsa ceum agus **tòrr rudan eile** ionnsachadh.

ochd ceud duine	800 people
ag ionnsachadh	learning
thòisich	started
air feadh an t-saoghail	all over the world
traidiseanta	traditional
tòrr rudan eile	lots of other things

Ceòl

Ann an Ceap Breatann, tha an fhidheall agus a' phiob **cumanta**. Bidh cèilidhean agus consairtean ann gu tric anns na bailtean beaga – **gu h-àraidh** ann an **sgìre** Inbhir Nis.

cumanta	common/popular
gu h-àraidh	especially
sgìre	area



Dannsa

Chan eil dannsa Gàidhealach no dannsaichean cèilidh cumanta ann an Ceap Breatann. Bidh **tòrr dhaoine (nigheanan agus balaich)** ag ionnsachadh dannsa ceum. Tha dannsa ceum coltach ri dannsa **Èireannach** agus dannsa tap. Aig dannsaichean agus cèilidhean bidh daoine a' dèanamh dannsa ann an **ceàrnag** cuideachd.



tòrr dhaoine	lots of people
nigheanan agus balaich	girls and boys
Èireannach	Irish
ceàrnag	square

Seinn



Tha **òrain luaidh** cumanta ann an Ceap Breatann. Bidh nigheanan agus balaich a' suidhe aig **bòrd** agus a' seinn **còmhla** agus ag obair air **pìos clò**.

Tha Màiri Sine NicLaomainn a' fuireach ann an Ceap Breatann. 'S e seinneadair Gàidhlig a th' innte. Tha i **ainmeil** air feadh an t-saoghail.

òrain luaidh	waulking songs
bòrd	table
còmhla	together
pìos clò	piece of tweed
ainmeil	famous

Fèisean

A h-uile **bliadhna** anns an Dàmhair bidh fèis mhòr ann an Ceap Breatann.

'S e *Celtic Colours* an t-ainm a th' air an fhèis. Bidh cluicheadairean agus seinneadairean ainmeil à Canada, Èirinn agus Alba a' cluich aig an fhèis.

bliadhna	year
-----------------	------



Àinmean àite

Thug na Gàidheil àinmean air **na bailtean, na lochan, na beanntan** agus **na h-aibhnichean** nuair a ràinig iad Ceap Breatann. 'S e ainmean Albannach a thug iad orra. Tha tòrr ann. Seo **feadhainn dhiubh**:

• Aberdeen	• Mull River
• Dundee	• Glencoe
• Barra Strait	• Lake Uist
• Skye Glen	• MacIntyre Mountain
na bailtean	the towns
na lochan	the lochs
na beanntan	the mountains
na h-aibhnichean	the rivers
feadhainn dhiubh	some of them



Obair 1

Ceap Breatainn an-diugh

- Sgrìobh an earrann.
- Lìon na beàrnan.

Copy the passage. Fill in the blanks.

If you go to Cape Breton, it is easy to see the influence the Scottish people have had on the island. This can be seen in the music, _____, _____, religion, _____ and also in the place names all over the island.

After more than _____ years, people in Cape Breton still _____ Gaelic and go to _____ and _____. The people see themselves as Canadians but as _____ too. (8)

Cànan

- How many Gaelic speakers are estimated to be in Cape Breton? (2)
- Where do some young people learn Gaelic? (2)
- Who founded Cape Breton's Gaelic college? (1)
- What was this man's profession? (1)
- Where was the college originally set up? (2)
- Name at least three things you can learn at the college. (3)

Ceòl

- Which two instruments are most common in Cape Breton? (2)
- In which area of the island are most of the cèilidhs and concerts held? (1)

Dannsa

- What is said about both Highland dancing and cèilidh dancing in Cape Breton? (2)
- Who learns step dancing? (2)
- Step dancing is similar to which two other types of dancing? (2)
- What other dance do people do at cèilidhs and dances? (1)

Òrain

- What are **òrain luaidh**? (1)
- Explain what happens during **òrain luaidh**. (6)
- Who is Mary Jane Lamond? (3)

Fèisean

- In which month is *Celtic Colours* held? (1)
- How often is it held? (2)
- From which countries do most of the performers come? (2)

Ainmean àite

- Sgrìobh na seantansan.
- Lìon na beàrnan.

Copy the sentences. Fill in the blanks.

When the Gaels first arrived in Cape Breton, they named the _____, lochs, _____ and _____ after place names at home. For example: _____, _____ and _____. (6)

Air fad (50)

Modal 3 Aonad 1 agus 2

'S urrainn dhomh/I can

Use regular and irregular verbs to:

Say that I did something

shuidh mi sìos, ghabh mi pìotsa,
dh'èist mi ri ceòl, leugh mi leabhar,
rinn mi cèic, chunnaic mi film, ràinig
am bus, chuala mi fuaim, thàinig mi
dhachaigh, chaidh mi dhan
bhùth, chaidh mi a Ghlaschu

Say that I didn't do something

cha do shuidh mi sìos, cha do ghabh
mi pìotsa, cha do dh'èist mi ri ceòl, cha
do leugh mi leabhar, cha do rinn mi
cèic, chan fhaca mi film, cha do ràinig
am bus, cha chuala mi fuaim, cha
tàinig mi dhachaigh, cha deach mi
dhan Spàinn

Ask if someone did something

An do shuidh thu sìos? An do ghabh
thu pìotsa? An do dh'èist thu ri ceòl? An
do leugh thu leabhar? An do rinn thu
cèic? Am faca tu film? An do ràinig am
bus? An cuala tu fuaim? An tàinig thu
dhachaigh? An deach thu dhan sgoil?

Say that I am/am not going somewhere

Tha mi a' dol dhan Fhraing, Chan eil mi
a' dol a Chanada, Tha mi a' dol a
Leòdhas

Say that I am/am not going to do something

Tha mi a' dol a shnàmh, tha mi a' dol a
ruith, tha mi a' dol a bhruidhinn ri mo
charaid, chan eil mi a' dol a chluich
iomain

Say what you did/did not enjoy

Chòrd an gèam rium, cha do chòrd am
prògram rium

I have learned

a little about the voyage of The Hector

Emigrant ship with 200 Gaelic Scots
on board. Left Ullapool in 1773, many
died on journey.

a little about emigration to Nova Scotia

Conditions were very poor in Scotland,
people left in search of a better life. To
begin with it was very difficult for the
people to adapt to their new land.

a little about Cape Breton Island today

Gaelic influences on culture, language,
music, dance, place names...



how to form regular verbs in the past tense

to recognise and use some irregular verbs in the past tense

to recognise and use two different words for 'to'

Shuidh mi, dh'òl mi, dh'fhuirich mi,
leugh mi...

An deach thu dhan Spàinn?
Chaidh/cha deach.

dhan Spàinn, a Bharraigh

Ceum a bharrachd 1

Cuir seo ceart

- Tha thu ag obair air an iris Sradag.
- Tha Julia agus Teàrlach a' sgrìobhadh leabhar-latha.
- Bha cabhag orra.
- Tha faclan Beurla agus mearachdan eile anns na leabhraichean-latha.
- Tagh aon leabhar-latha.
- Cuir ceart e.
- Sgrìobh a-rithist e.

You are working at the magazine Sradag. Julia and Charlie have submitted diary articles but they were written in a hurry and need to be edited. Choose one of the diaries and correct the mistakes. The mistakes are in brackets. Rewrite the passages. When you have finished, pair up with someone else who edited the same piece. Compare your work and make any final changes.

Sradag air saor-làithean!

Diardaoin

An-dè fhuair sinn bus
a Pharis. Ràinig sinn
aig (10 am). Ghabh sinn
(bracist) ann an cafaidh
– (bread, ham, cheese)
agus (hot chocolate).

Aig aon uair deug, (chidh) sinn dhan Eiffel Tower.
Tha e (really) mòr.

Feasgar, chaidh sinn gu (museum) Louvre.


Chunnaic mi an dealbh Mona Lisa. Bha e
(inteaneach). Chòrd Paris (mi) gu mòr.

A-nochd tha sinn air a' (ferry) a Shasainn agus
bidh sinn (dhacaidh) mu chòig uairean feasgar
(tomorrow).

Tha mi a' dol dhan (leapidh) a-nis agus tha mi
a' dol a leughadh leabhar.

Bha (holidays) sgoinneil agam anns
a' Bhreatainn Bhig.

Oidhche (math), Julia x



Sradag air saor-làithean!

(Friday)

Anns a' (mhàtain), chaidh sinn gu (museum) Giant MacAskill. Chòrd an taigh-tasgaidh rium. Bha e inntinneach. An uair sin, chaidh sinn a dh' (Inverness).

Ràinig sinn aig (mid-day) agus ghabh sinn biadh ann an (café). Ghabh mise (soup) agus ceapaire. Chaidh sinn do na (shops) feasgar agus cheannaich mi preasant dha mo (grandad).

(Tonight), bha cèilidh ann an Inbhir Nis agus bha e glè (math). Bha an ceòl math agus dhannas (me). Bhruidhinn mi (Gaelic) cuideachd!

Bidh sinn a' dol (dacaoidh) a-màireach. Tha am plèan a' fàgail aig (one) feasgar agus bidh sinn ann an Glaschu (about) chòig uairean. Chòrd na saor-làithean (mi). Tha Canada fìor (good)!



Teàrlach



Ceum a bharrachd 2a

Coinneach agus an gunna

- Leugh an sgeulachd.
- Freagair na ceistean.

Read the story and answer the questions.

Chaidh Coinneach gu dannsa anns an talla Disathairne. Chunnaic e nighean bhrèagha ann agus bhruidhinn e rithe. Bha i uabhasach laghach. Bha i beag agus caol le falt fada bàn agus sùilean uaine. Bha briogais ghorm oirre, seacaid dhubh agus brògan àrda cuideachd.

"Dè an t-ainm a th' ort?" dh'fhaighnich Coinneach.

"Is mise Sine," fhreagair i.

An dèidh an dannsa, bha Coinneach agus Sine a' coiseachd dhachaigh còmhla. Bha e mu mheadhan-oidhche agus bha am baile uabhasach sàmhach.

Choimhead Coinneach air Sine. "A bheil thu ag iarraidh a dhol dhan taigh-dhealbh Dihaoine?" dh'fhaighnich e.

Bha Sine a' coimhead gu math toilichte. "Ò tha, tapadh leat," thuirt i.

Chuala Coinneach fuaim – brag mhòr agus an uair sin uinneag a' briseadh.



Bha an t-eagal air Coinneach. “Dè bha siud? An cuala tu siud?” dh’fhaighnich e.

Cha robh an t-eagal air Sine idir. “Chan eil fhios agam. Cha chuala mi càil,” thuirt i.

Cha robh Coinneach toilichte. Chuir e a làmh air gàirdean Sine. “Fuirich an seo, a Shìne, agus bi sàmhach!” thuirt e agus dh’fhalbh e.

Air Sràid a’ Chaisteil, chuala e duine ag ràdh, “Greas ort, Iain! Greas ort!” Ruith e sìos an rathad agus chunnaic e duine a’ leum a-mach air uinneag. Bha coimpiutair aige. Choimhead Coinneach air an duine. Bha gunna aige. Stad an duine agus choimhead e air Coinneach.

“Dè tha thu a’ dèanamh? Tha mi a’ dol a dh’fhònadh chun a’ phoilis. Stad!” thuirt Coinneach.

Choimhead an duine eile air Coinneach. “Cha stad,” thuirt e.

An uair sin, chuala Sine brag mhòr. Stad i. “An e gunna a bha siud? Obh obh!” Bha an t-eagal oirre a-nise.

Ruith e sìos an rathad. Chunnaic i duine a’ leum a-steach gu càr agus an uair sin chunnaic i Coinneach. Cha robh e gu math. Bha a stamag goirt.

Choimhead Catrìona air agus thuirt i, “A Choinnich! A Choinnich! Dè tha ceàrr? Obh obh – gunna!”

Shuidh Catrìona air an rathad agus bhruidhinn i air a’ fòn. “Hallò? Tha mi ag iarraidh ambaileans! Sràid a’ Chaisteil ... greasaibh oirbh! A Choinnich, gabh air do shocair. Tha an ambaileans a’ tighinn.”

dh’fhaighnich...

asked...

fhreagair...

answered...

thuirt

said

a’ leum

jumping

a’ briseadh

breaking

ambaileans

ambulance

Ceistean

1. What did Kenneth do on Saturday?
2. Describe the girl he met there.
3. What time did they leave the dance?
4. What did Kenneth ask Jane?
5. How did Jane reply?
6. What did Kenneth hear?
7. How was Kenneth feeling when he heard the noises?
8. What did he do before he left Jane on her own?
9. What did he see when he ran down the road?
10. When do you first discover the man was armed? Copy the sentence from the text.
11. When did Jane begin to worry?
12. What was wrong with Kenneth when she found him?
13. How did Jane try to comfort Kenneth at the end of the passage?





Ceum a bharrachd 2b

Dè chunnaic thu?

- Chunnaic thusa Coinneach agus an duine.
- Bhruidhinn na poilis riut.
- Dè chunnaic thu?
- Cò ris a bha an duine coltach?

You were a witness to the crime and the police want a written statement from you. They want to know what you saw. They also want a detailed description of the suspect. Write your statement in Gaelic.



Ceum a bharrachd 3a

Seantansan

- Leugh na seantansan.
- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.
- Coimhead air Faclair Mòr.

Read the sentences. Write the sentences in English. Look at the **Faclair Mòr** section for help.

1. Rinn mi glè mhath aig a' Mhòd. Chluich mi a' chlàrsach agus sheinn mi. Bhuannaich mi duais.
2. Bha mi sgìth ann an Saidheans an-diugh. Chuir mi sìos mo pheann agus cha do sgrìobh mi càil.
3. Chunnaic mi film anns an taigh-dhealbh Disathairne ach cha do chòrd e rium.
4. Cha tàinig mo chù dhachaigh. Tha e air chall.
5. Bha mi anns an leabaidh agus chuala mi fuaim. Bha an t-eagal orm.



Ceum a bharrachd 3b

Seantansan Gàidhlig

- Leugh na seantansan.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.
- Coimhead air Faclair Mòr.

Read the sentences. Write the sentences in Gaelic. Look at the Faclair Mòr section for help.

1. The train arrived in Inverness at 7pm.
2. I saw a good film on TV tonight.
3. I didn't write a letter. I wrote an e-mail.
4. I didn't go to the party. I wasn't well.
5. Catherine didn't see James today.



Ceum a bharrachd 4

Abairtean

- Obraich còmhla ris a' chlas.
- Leugh na h-abairtean.
- Dè tha iad a' ciallachadh?
- Tagh abairt.
- Dèan dealbh!

Read these Gaelic sayings. Try to work out what they mean. You may need a dictionary. Draw a picture to accompany one of them.

1. Rinn mi brochan dheth.
2. Ghabh e san t-sròin e.
3. Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle.



Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle

Ceumannan cànain



Modal	Cànan	Eacarsaich
1.1	Revision of prepositional pronouns: orm, ort, air, oirre, oirnn, oirbh, orra	1a 1b
1.2	Prepositional pronouns: agam, agad, aige, aice, againn, agaibh, aca	2a 2b
2.1	Future/habitual tense of the verb to be The effect of dhan... to the...	3a 3b 4a 4b
2.2	Prepositional pronouns: leam, leat, leis, leatha, leinn, leibh, leotha and dhomh, dhut, dha, dhi, dhuinn, dhuibh, dhaibh	5a 5b 6a 6b
3.1	Two words for to: a and dhan Past tense of regular verbs	7a 7b 8a 8b 8c
3.2	Past tense of irregular verbs Using infinitives: A' dol a... going to...	9a 9b 10a 10b 10c

Modal 1 Aonad 1

1. Tha an cnatan oirnn

In **Ceumannan 1** you used the prepositional pronouns **orm**, **ort**, **air** and **oirre** in a number of phrases.

Mar eisimpleir:

Tha geansaidh pinc orm.

I am wearing a pink jumper.

A bheil an t-acras ort?

Are you hungry?

Dè an t-ainm a th' air?

What is his name?

'S e Shòna an t-ainm a th' oirre. Her name is Shona.

In **Ceumannan 2 Modal 1 Aonad 1** you used these prepositional pronouns to talk about how people were feeling or what was wrong with them. Feelings and illnesses are always 'on you' in Gaelic.

Mar eisimpleir:

Dè tha ceàrr ort?

What's wrong with you?
(literally: What's wrong on you?)

Tha an cnatan orm.

I have the cold. (literally: The cold is on me)

Tha an t-eagal air Sìne.

Jane is scared. (literally: the fear is on Jane)



Look back at **Ceumannan 1 P352** for a table of the prepositional pronouns you will need to complete this exercise.

Eacarsaich 1a

- Sgrìobh ann am Beurla.

Write the sentences below in English.

1. Chan eil an t-eagal orm.
2. A bheil am pathadh ort?
3. A bheil an dèideadh air Dòmhnall?
4. Tha nàire air.
5. Bha cur na mara oirre. Bha i a' cur a-mach.
6. A bheil an cianalas air Raonaid?
7. Tha falt bàn oirnn.
8. A bheil an t-acras oirbh?
9. Tha speuclairean orra.
10. Bha an cnatan orm agus bha mi a' casadaich.

Eacarsaich 1b

- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Write the sentences below in Gaelic.

1. I have toothache. It's really sore.
2. Are you homesick?
3. John is thirsty. He wants water.
4. He has black hair.
5. She was embarrassed.
6. What's wrong with Helen? Is she seasick?
7. We are hungry.
8. What's wrong? Are you scared? (polite/plural)
9. They had the cold.
10. I have a hat and a scarf on today. It's snowing.

Modal 1 Aonad 2

2. Prepositional Pronouns:

agam, agad, aige, aice, againn, agaibh, aca

You will use the prepositional pronouns **agam, agad** etc a lot. They are useful when you are talking about what you or other people have. You used a few of them in **Ceumannan 1** to talk about what family and pets you have. You used them again in **Ceumannan 2 Modal 1 Aonad 2** to talk about what colour of eyes people have.

In Gaelic, when people say they have something, they use the preposition **aig** which means at. Mar eisimpleir:

Tha peann aig Anna.

Anne has a pen. (literally: There is a pen at Anne.)

Tha peann aice.

She has a pen. (literally: There is a pen at her.)

Tha sùilean donna aig Iain agus a bhràthair.

John and his brother have brown eyes.

Tha sùilean donna aca.

They have brown eyes.

These prepositional pronouns are made up of the preposition **aig** = at + the personal pronouns.

Preposition	+	Personal pronoun	=	Prepositional pronoun	Example
aig (at)	+	mi (me)	=	agam (at me)	Tha piuthar agam. (I have a sister.)
aig (at)	+	thu (you)	=	agad (at you)	A bheil cat agad? (Do you have a cat?)
aig (at)	+	e (he/him)	=	aige (at him)	Chan eil sùilean donna aige. (He doesn't have brown eyes.)
aig (at)	+	i (she/her)	=	aice (at her)	Tha sùilean uaine aice. (She has green eyes.)
aig (at)	+	sinn (we/us)	=	againn (at us)	Chan eil peata againn. (We don't have a pet.)
aig (at)	+	sibh (you plural/polite)	=	agaibh (at you)	A bheil peann agaibh? (Do you have a pen?)
aig (at)	+	iad (they/them)	=	aca (at them)	Cha robh aran aca anns a' bhùth. (They didn't have bread in the shop.)

Eacarsaich 2a

- Coimhead air a' chlàr.
- Sgrìobh ann am Beurla.

Look at the table. Write the sentences below in English.

1. Tha baga-sgoile ùr agam. Tha e mòr agus gorm.
2. A bheil sùilean glasa agad?
3. Cha robh peansail aig Èirdsidh ann am Matamataig.
4. Bha obair aige ann am factaraidh.
5. An robh airgead aig Leacsaidh?
6. Chan eil na freagairtean aice.
7. A bheil saor-làithean againn anns an Dàmhair?
8. Tha taigh snog agaibh.
9. Bha tubaist aca.
10. Càit a bheil mo pheann? A bheil e agad?

Eacarsaich 2b

- Coimhead air a' chlàr a-rithist.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Look at the table again. Write the sentences below in Gaelic.

1. I have a friend in Canada.
2. Do you have French today?
3. Catherine has a puppy.
4. He doesn't have a mobile phone.
5. Does Douglas have a brother?
6. Does she have a job?
7. We have brown eyes.
8. Do you have a sister? (polite/plural)
9. They don't have money.
10. I had an accident. My leg is broken.

Modal 2 Aonad 1

3. The future tense/habitual tense of the verb to be

It is easy to get mixed up with which spelling of the future/habitual tense of the verb to be you should use. Two of the parts of this verb sound exactly the same (**bi** and **bidh**) but are spelt differently. Sometimes even fluent speakers get them mixed up! Have a look at these examples:



Am bi thu ag obair ann an ospadal?

Càit am bi iad ag obair?

Bidh Pòl deiseil aig sia uairean.

Cha bhi Sharon ag obair.

Do you work in a hospital?

Where do they work?

Paul finishes at six o'clock.

Sharon doesn't work.

Notice that after **Dè, Ciamar, Cuin** and **Nuair** you need to use another form of the verb = **bhios**

Dè bhios i a' dèanamh?

Cuin a bhios tu deiseil?

Nuair a bhios mi nas sine...

What does she do?

When do you finish?

When I am older...

What is the habitual tense?

You use the habitual tense to talk about what people do regularly. Mar eisimpleir: I get up at seven o'clock. I get the bus to school at eight o'clock. I go to swimming club on a Thursday. I go out with my friends on Saturdays...

In **Modal 2 Aonad 1**, you used the habitual tense to talk about people's jobs and their work routine. **Bidh mi ag obair ann am banca.**

Future or habitual? In Gaelic, both the habitual and the future tense are exactly the same. It is only in English they are written differently.

Bidh mi ag obair Disathairne can mean either I work on Saturday or I will be working on Saturday. But **Bidh i fuar a-màireach** could only mean It will be cold tomorrow. (future tense)

Therefore, you may sometimes need to check the context of what you are reading/hearing in Gaelic to decide whether something is future or habitual.

In the exercise below, most examples are in the habitual tense, as studied in **Modal 2 Aonad 1**.



Eacarsaich 3a

- Coimhead air na seantansan.
- Tagh am facal ceart.
- Lion na beàrnan.
- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

Look at the sentences. Choose the correct word. Fill in the blanks. Write each sentence in English and in Gaelic.

bi bidh bhi bhios

1. Am _____ Ealasaid ag obair ann an ionad-slàinte?
2. _____ Daibhidh ag obair ann am factaraidh. _____ e a' tòiseachadh aig sia uairean sa mhadainn.
3. Càit am _____ Ceitidh ag obair?
4. _____ mi ag obair ann taigh-òsta mòr spaideil. 'S e gruagaire a th' annam.
5. Cha _____ mo mhàthair ag obair.
6. Cuin a _____ sibh deiseil?
7. A h-uile Disathairne agus Là na Sàbaid, _____ mi ag obair ann am bùth. Tha an t-airgead uabhasach math. _____ mi a' faighinn ceud not a h-uile seachdain!
8. Am _____ thu a' tòiseachadh aig naoi uairean?
9. Cha _____ mi ag obair a h-uile latha.
10. Nuair a _____ mi nas sine, tha mi ag iarraidh obair ann an garaids.

Eacarsaich 3b

- Sgrìobh ann an Gàidhlig

Write the sentences in Gaelic.

1. I work in an office. I'm a journalist.
2. Do you work in Glasgow?
3. I don't work.
4. When do you start in the morning?
5. What do you do?

Modal 2 Aonad 1

4. dhan... to the...

Make sure you have completed **Modal 2 Aonad 1** before you do this exercise.

In **Modal 2 Aonad 1**, you used the word **dhan** (to the) to talk about going to different places.

You learned that the word **dhan** can sometimes change the sound and spelling of the following word, depending on what letter it begins with.

banca	bank
Thèid mi dhan bhanca.	I'll go to the bank.

but

taigh	house
Thèid sinn dhan taigh.	We'll go to the house.

Look back at the **Ceum Cànan** in **Modal 2 Aonad 1** to remind yourself of the rules.

Eacarsaich 4a

- Coimhead air na seantansan.
- Chan eil iad ceart.
- Cuir ceart iad.
- Sgrìobh a-rithist iad, ann an Gàidhlig agus Beurla.

Look at the sentences. All the nouns after **dhan** are spelt wrongly.

Use the rules about **dhan** to correct them. Re-write each sentence correctly in Gaelic and English

1. Chaidh Coinneach dhan lheabharlann.
2. Thèid Seònaid dhan thaigh-bìdh.
3. Thèid m' athair dhan factaraidh.
4. Chaidh sinn dhan partaidh.
5. Tha thu a' dol dhan ficlair.
6. Chan eil mi a' dol dhan ohspadal.
7. A bheil iad a' dol dhan banca?



Eacarsaich 4b

- Càit an tèid na daoine seo?
- Sgrìobh seantans.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Where are these people going? Write a sentence for each one. Write in Gaelic. An example has been done for you.

Mar eisimpleir:

Thèid Eachann dhan bhaile. Hector will go to the town.

1. Tòmas, pàirc
2. Lionsaidh, club-òigridh
3. Leacsaidh, taigh-òsta
4. Sìleas, fèis
5. Dùghlas, bùth
6. Uilleam, tràigh
7. Teàrlach, ionad-slàinte
8. Màiri, amar-snàmh



Thèid Eachann dhan bhaile.

Modal 2 Aonad 2

5. Prepositional Pronouns: leam, leat, leis, leatha, leinn, leibh, leotha

You have used the prepositional pronouns in the table below to talk about likes, dislikes and preferences. You will also have used them many times before in everyday phrases like **tapadh leat/leibh** and **mar sin leat/leibh**.

Preposition	+	Personal pronoun	=	Prepositional pronoun	Example
le (with)	+	mi (me)	=	leam (with me)	'S fheàrr leam falbh air baidhsagal. (I prefer cycling.)
le (with)	+	thu (you)	=	leat (with you)	Dè na cur-seachadan as fheàrr leat? (What are your favourite pastimes?)
le (with)	+	e (he/him)	=	leis (with him)	Cha toigh leis sgitheadh. (He doesn't like skiing.)
le (with)	+	i (she/her)	=	leatha (with her)	Tha Anna math air Ceòl ach 's fheàrr leatha Matamataig. (Anne is good at music but she prefers Maths.)
le (with)	+	sinn (we/us)	=	leinn (with us)	'S fìor thoigh leinn seòladh. (We really like sailing.)
le (with)	+	sibh (you plural/polite)	=	leibh (with you)	An toigh leibh spèileadh? (Do you like ice skating?)
le (with)	+	iad (they/them)	=	leotha (with them)	'S fheàrr leotha Irm Bru. (They prefer Irm Bru.)

Eacarsaich 5a

- Sgrìobh ann am Beurla.

Write the sentences below in English.

1. Tha spèileadh math ach 's fheàrr leam marcachd.
2. Dè am biadh as fheàrr leat?
3. Tha Alasdair math air ball-coise ach 's fheàrr leis iomain.
4. Dè na cur-seachadan as toigh leatha?
5. Cha toigh leinn obair-dachaigh idir.
6. An toigh leibh sgitheadh?
7. Chan eil iad math air snàmh. Cha toigh leotha an t-uisge.
8. Cha toigh leam bruidhinn air a' fòn. 'S fheàrr leam teacsadh.

Eacarsaich 5b

- Coimhead air na dealbhan.
- Dè 's fheàrr le gach duine?
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig.
- Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

Look at the pictures. What do these people prefer? Write a sentence for each one. The first one has been done for you.

John



Is toigh le Iain currain ach 's fheàrr leis buntàta.

John likes carrots but he prefers potatoes.

1. Karen



2. Martin



3. Catherine



4. Finlay and Elizabeth



Modal 2 Aonad 2

6. Prepositional Pronouns: dhomh, dhut, dha, dhi, dhuinn, dhuibh, dhaibh

You have used some of the prepositional pronouns from the table below for discussing what you and others can and cannot do.

Have a look at the examples before you complete the exercises.

Preposition	+	Personal Pronoun	=	Prepositional pronoun	Example
do (to/for)	+	mi (me)	=	dhomh (to/for me)	Is urrainn dhomh seinn. (I can sing.)
do (to/for)	+	thu (you)	=	dhut (to/for you)	An urrainn dhut an giotàr a chluich? (Can you play the guitar?)
do (to/for)	+	e (he/him)	=	dha (to/for him)	Chan urrainn dha còcaireachd. (He can't cook.)
do (to/for)	+	i (she/her)	=	dhi (to/for her)	Is urrainn dhi a' chlarsach a chluich. (She can play the harp.)
do (to/for)	+	sinn (we/us)	=	dhuinn (to/for us)	Chan urrainn dhuinn snàmh. (We can't swim.)
do (to/for)	+	sibh (you plural/polite)	=	dhuibh (to/for you)	An urrainn dhuibh am bogsa a chluich? (Can you play the box?)
do (to/for)	+	iad (they/them)	=	dhaibh (to/for them)	Is urrainn dhaibh marcachd. (They can horse ride.)

Eacarsaich 6a

- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.

Write the sentences below in English.

1. Chan urrainn dhomh coiseachd. Tha mo chas goirt.
2. An urrainn dhut a dhol dhan chonsairt Dihaoine?
3. Is urrainn dha am meur-chlàr a chluich.
4. An urrainn dhi dannsa?
5. An urrainn dhuibh falbh air bòrd-spèilidh?
6. Is urrainn dhuinn còcaireachd.
7. Chan urrainn dhaibh seinn. Tha iad uabhasach!



Eacarsaich 6b

- Sgrìobh ann an Gàidhlig

Write the sentences below in Gaelic.

1. I can't ski.
2. Can you read?
3. He can drive.
4. Can she walk?
5. Can you play an instrument? (polite/plural)
6. We can play the fiddle.
7. They can't go to the dance.

Modal 3 Aonad 1

7. Using a and dhan

In **Modal 3 Aonad 1**, two different words are used to talk about going somewhere:

a to and **dhan** to (the)

How do you know which one to use?

It's easy! Have a look at these two groups of places and see if you can spot a pattern.

Use **a** before words like these:

Canada

Muile

Glaschu

Sasainn

Peairt

Leòdhas

Barraigh

Steòrnabhagh

Geàrrloch

Sruighlea

Use **dhan** before words like these:

An t-Òban

An Fhraing

an stèisean

an sgoil

an consairt

a' phàirc

An Gearasdan

Am Ploc

am banca

An t-Eilean Sgitheanach

a' gharaid

You should have noticed that all the places in the **dhan** section have a little word before them. Can you remember what we call little words like **a', an, am, an t-**? They are called definite articles, which is just another name for the word 'the'. If the place has 'the' in front of it in Gaelic, you should use **dhan**.

Remember that **dhan** means 'to the'... Therefore, when you use it you no longer need the other word for 'the' before the place. Look at this example:

dhan	+	An t -Eilean Sgitheanach	=	dhan Eilean Sgitheanach
to the	+	The Isle of Skye	=	to the Isle of Skye

a (to) is used with any place that has no definite article.

Both **a** and **dhan** can sometimes change the word that comes after them.

They can cause lenition.

Look at these examples:

An Gearasdan	Fort William	→	dhan Ghearasdan	to Fort William
an consairt	the concert	→	dhan chonsairt	to the concert
Glaschu	Glasgow	→	a Ghlaschu	to Glasgow
Sasainn	England	→	a Shasainn	to England



Remember there are words beginning with certain letters that cannot be lenited. You should be familiar with these by now.

Mar eisimpleir:

Leòdhas	Lewis	→	a Leòdhas	to Lewis
----------------	-------	---	------------------	----------

dhan → before nouns with definite article (the) + lenition

a → before nouns with no definite article + lenition (where possible)

Eacarsaich 7a

- Coimhead air na faclan.
- Sgrìobh seantans ann an Gàidhlig mu gach àite.
- Cleachd a no dhan anns gach seantans.

Look at the words below. Write a sentence saying that you are going or that you went to the following places. Use either **a** or **dhan** in each sentence. Make sure you use lenition where it is needed. You can begin your sentences with any of these:

Tha mi a' dol... I am going... **Chaidh mi...** I went...
Chan eil mi a' dol... I'm not going... **Thèid mi...** I will go...

Mar eisimpleir:

Chaidh mi dhan leabharlann. I went to the library.

1. Mallaig
2. Caithness
3. the swimming pool
4. Plockton
5. Dundee
6. the doctor
7. France
8. the library
9. Edinburgh
10. the shop



Eacarsaich 7b

- Coimhead air na seantansan Gàidhlig.
- Tha iad ceàrr.
- Obraich còmhla ri caraid.
- Dè tha ceàrr?
- Carson?

Read these sentences. There is a mistake in each of the Gaelic sentences. With a partner, work out what is wrong with each. Explain why.

1. **Chaidh mi a ahmar-snàmh.** I went to the swimming pool.
2. **Thèid Dòmhnall dhan Muile.** Donald will go to Mull.
3. **A bheil Sìne a' dol a' bhùth.** Is Jane going to the shop?
4. **Chaidh mi a an Fhraing.** I went to France.
5. **Chan eil Seòras a' dol dhan shtèisean.** George is not going to the station.




Modal 3 Aonad 1

8. Regular verbs in the past tense

In **Modal 3 Aonad 1**, you learned about regular verbs in the past tense.

Here is a simple checklist you can use to work out what you need to do to put a regular verb into the past tense. This checklist will work with every regular verb in Gaelic.

Start with the root of the verb (a command word like **Suidh!** Sit! or **Leugh!** Read!).



Eacarsaich 8a

- Coimhead air a' chlàr.
- Cuir na gnìomhairean seo anns an trath sheachad.

Use the checklist to put these verbs into the past tense.

1. bruidhinn
2. ruith
3. fosgail
4. ith
5. leugh
6. cluich
7. òl
8. dùin
9. falbh
10. snàmh

Eacarsaich 8b

- Tagh còig gnìomhairean bhon liosta ann an 8a.
- Sgrìobh seantans do gach fear.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Choose five of the verbs in the past tense from Exercise 8a. Write a sentence for each one. Write your sentences in Gaelic and English.

Mar eisimpleir:

Dh'ith mi piotsa. I ate a pizza.



Eacarsaich 8c

- Coimhead air na gnìomhairean.
- Tha iad ùr.
- Cuir na gnìomhairean san trath sheachad.
- Coimhead ann am faclair.
- Dè tha iad a' ciallachadh?

Try using the verb checklist with some new verbs. You will not have used these verbs before in **Ceumannan**. If you follow the rules, you should end up with the correct past tense for each one. Your teacher will check your answers. Now you can form the past tense of a regular verb even if you don't know what it means!

1. **smaoinich** think
2. **breab** kick
3. **aidich** confess
4. **feuch** try
5. **cuidich** help
6. **put** push
7. **nigh** wash
8. **stad** stop

Modal 3 Aonad 2

9. Past tense of irregular verbs

In **Modal 3 Aonad 2** you learned to use irregular verbs in the past tense. If you are unsure about what an irregular verb is, re-read the **Ceum càinain** box at the beginning of **Modal 3 Aonad 2**.

Here you will find the root and the past tense of all the irregular verbs used in **Ceumannan**.

Verb root	Positive	Negative	Question	Example
abair say	thuirt said	cha tuirt did not say	An tuirt...? Did ... say?	"Suidh sìos!" thuirt an tidsear. "Sit down!" said the teacher.
cluinn hear	chuala heard	cha chuala did not hear	An cuala...? Did ... hear?	An cuala tu sin? Did you hear that?
dèan do/make	rinn did/make	cha do rinn did not do/make	An do rinn...? Did ... do/make?	Cha do rinn mi càil. I didn't do anything
faic see	chunnaic saw	chan fhaca did not see	Am faca...? Did ... see?	Am faca sibh am film? Did you see the film?
faigh get	fhuair got	cha d' fhuair did not get	An d' fhuair...? Did ... get?	Fhuair i preasant. She got a present.
rach go	chaidh went	cha deach did not go	An deach...? Did ... go?	Chaidh e dhan Spàinn. I went to Spain.
ruig reach/arrive	ràinig arrived/reached	cha do ràinig did not reach/arrive	An do ràinig...? Did ... reach/arrive?	Cha do ràinig am bus. The bus didn't arrive.
thig come	thàinig came	cha tàinig did not come	An tàinig...? Did ... come?	Thàinig mi dhachaigh tràth. I came home early.

Eacarsaich 9a

- Sgrìobh na seantansan ann am Beurla.

Write the sentences in English.

1. Cha tuirt mi sin.
2. Chuala mi ceòl math air an rèidio.
3. An do rinn thu an obair-dachaigh?
4. Chunnaic mi prògram math a-raoir.
5. Cha d' fhuair mi preasant.
6. An deach thu dhan Fhraing?
7. Ràinig mi dhachaigh Dimàirt.
8. An tàinig lain dhan phartaidh?

Eacarsaich 9b

- Sgrìobh na seantansan ann an Gàidhlig.

Write the sentences in Gaelic.

1. Did you say that?
2. I didn't hear anything.
3. I made a cake in Home Economics.
4. I didn't see Anna in school.
5. Did you get milk?
6. I didn't go out last night.
7. Did the train arrive at three o'clock?
8. Rachel didn't come to the party.

Modal 3 Aonad 2

10. A' dol a... going to do something

In **Modal 3 Aonad 2** you used the phrase **a' dol a...** to talk about things you were planning to do.

Remember you can also use this phrase to talk about places you are going to visit.

(see **Modal 3 Aonad 1**)

Look back at the **Ceumannan cànan** boxes in **Modal 3 Aonad 1** and **Modal 3 Aonad 2** to remind yourself of the effect the word **a** can have on the following word.

Eacarsaich 10a

- Leugh na seantansan.
- Dè tha na daoine a' dol a dhèanamh?
- Sgrìobh ann am Beurla.

Read the sentences. What are the people going to do? Write in English.

1. Tha Niall a' dol a dhèisteachd ri ceòl.
2. Tha Ciorstaidh a' dol a sgrìobhadh cairt-puist gu Màiri.
3. Chan eil m' athair a' dol a dhèanamh dinnear.
4. Tha Eilidh a' dol a shuidhe ri taobh lain.
5. A bheil sibh a' dol a sheinn aig a' chèilidh?
6. Tha Dòmhnall agus Coinneach a' dol a chluich snucair.
7. A bheil thu a' dol a leughadh leabhar?
8. Tha mi a' dol a bhruidhinn ris an tidsear.
9. Chan eil sinn a' dol a dh'ithe biadh grod!
10. Chan eil iad a' dol a dh'fhuireach ann an taigh-òsta.



Eacarsaich 10b

- Leugh na seantansan Beurla.
- Sgrìobh ann an Gàidhlig.

Read the English sentences. Write the sentences in Gaelic.

1. I am going to play the guitar.
2. Are you going to watch TV?
3. He is going to drink a bottle of water.
4. I am not going to dance at the disco.
5. You are not going to swim in the sea. It is cold.

Eacarsaich 10c

- Coimhead air na h-ainmean-àite.
- Càit a bheil na daoine seo a' dol?

Look at the places below. Write a sentence saying someone is going to each of these places. Remember you may need to make some changes to the spelling of the place.

Mar eisimpleir: **Dùn Dèagh** **Tha Flòraidh a' dol a Dhùn Dèagh.**
 Dundee Flora is going to Dundee.

1. Dùn Èideann
2. Alba
3. Leòdhas
4. Tiriodh
5. Uibhist a Deas
6. Sruighlea
7. Inbhir Pheofharain
8. Steòrnabhagh

facair mòr

Gàidhlig gu Beurla



*polite/plural (f) feminine (m) masculine

A bheil an cnatan ort/oirbh?*	Do you have the cold?
A bheil an t-airgead math?	Is the money good?
A bheil cuimhn' agad/agaibh?*	Do you remember?
A bheil do cheann goirt?	Is your head sore?
A bheil e nas fheàrr a-nis?	Is he/it better now?
a Chanada	to Canada
a dh'Uibhist	to Uist
a Dhùn Èideann	to Edinburgh
a Ghlaschu	to Glasgow
à Glaschu	from Glasgow
a Leòdhas	to Lewis
a Loch nam Madadh	to Lochmaddy
a Mhuile	to Mull
a Pharis	to Paris
a Shasainn	to England
a-muigh	outside
Abair spòrs!	What fun!
aig a' chidhe	at the pier
aig an taigh	at home
ainm-sgrìobhte, an t-ainm-sgrìobhte (m)	signature, the signature
air ais	back
air an TBh	on the TV
air chall	lost
air falbh	away
air iarraidh	wanted
àireamh-fòn, an àireamh-fòn (f), àireamhan-fòn	phone number, the phone number, phone numbers
Am bi...?	Will ... be?
Am bi thu/sibh ag obair?*	Do you work?/Will you be working?
Am faca tu/sibh...?*	Did you see...?
amadain!	you idiot!
amar-snàmh, an t-amar-snàmh (m)	swimming pool, the swimming pool
ambaileans, an ambaileans (f)	ambulance, the ambulance
amhach, an amhach (f)	throat/neck, the throat/neck
An cuala tu/sibh...?*	Did you hear...?
An deach thu/sibh...?*	Did you go...?
An deach thu riamh dhan Spàinn?	Have you ever been to Spain?
An do bhuannaich thu?	Did you win?
An do bhruidhinn thu (ri)...?	Did you talk (to)...?
An do cheannaich thu...?	Did you buy...?
An do cheannaich thu preasantan?	Did you buy presents?
An do chluich thu iomain?	Did you play shinty?
An do choimhead thu...?	Did you watch...?
An do chòrd e riut/ribh?*	Did you enjoy it?
An do chuir thu...?	Did you put...?
An do dh'èirich thu?	Did you get up?
An do dh'èist thu (ri)...?	Did you listen (to)...?
An do dh'fhàg thu?	Did you leave?

An do dh'fhalbh thu?	Did you go (away)?
An do dh'fhosgail thu...?	Did you open...?
An do dh'fhuirich thu...?	Did you stay/live...?
An do dh'ionnsaich thu...?	Did you learn...?
An do dh'ith thu do dhinnear?	Did you eat your dinner?
An do dhannas thu (còmhla ri)...?	Did you dance (with)...?
An do dh'òl thu...?	Did you drink...?
An do dhùin thu...?	Did you close...?
An do dhùisg thu?	Did you wake up?
An do ghabh thu...?	Did you have/take...?
An do ghabh thu bracaist?	Did you have breakfast?
An do leugh thu an leabhar?	Did you read the book?
An do ràinig thu?	Did you arrive?
An do rinn thu/sibh...?*	Did you do/make...?
An do rinn thu an obair-dachaigh?	Did you do the homework?
An do rinn thu càil?	Did you do anything?
An do ruith thu?	Did you run?
An do sgrìobh thu...?	Did you write...?
An do sheinn thu?	Did you sing?
An do shnàmh thu?	Did you swim?
An do shuidh thu...?	Did you sit...?
An Fhraing	France
An tàinig...?	Did ... come?
An tèid thu...?	Will you go...?
An tèid thu dhan dotair?	Will you go to the doctor?
An urrainn dhut...?	Can you...?
An urrainn dhut a dhol...?	Can you go...?
An urrainn dhut/dhuibh ionnsramaid a chluich?*	Can you play an instrument?
an-asgaidh	free of charge
ann am banca	in a bank
ann am bùth a' bhùidseir	in a butcher's shop
ann am factaraidh	in a factory
ann an oifis a' phuist	in a post office
ann an oifis mhòr	in a big office
ann an sgoil-àraich	in a nursery school
ann an stèisean-rèidio	in a radio station
ann an stiùidio	in a studio
anns a' mhuir	in the sea
anns an Fhraing	in France
aobh!	ouch!
aodach spaideil, an t-aodach spaideil (m)	smart clothes, the smart clothes
as fheàrr	best
as motha	biggest
as òige	youngest

baidhsagal, am baidhsagal (m)	bicycle, the bicycle
bàn	blonde/fair
bancair, am bancair (m)	banker, the banker
a' bàsachadh	dying
bàt'-aiseig, am bàt'-aiseig (m)	ferry, the ferry
bàtaichean, na bàtaichean	boats, the boats
beachdan	opinions/ideas
Beathag	Rebecca
bèicear, am bèicear (m), bèicearan	baker, the baker, bakers
beul, am beul (m)	mouth, the mouth
A' Bh-uas Mhoireasdan	Miss/Mrs Morrison
Bheir mi suil.	I'll have a look.
bodhaig, a' bhodhaig (f)	body, the body
Bhruidhinn mi (ri)...	I spoke (to)...
Bhruidhinn mi Fraingis.	I spoke French.
Bhuannaich mi.	I won.
Bidh.	Yes, ... will be. (in answer to Am bi...?)
Bidh mi a' bruidhinn ri daoine.	I talk to people.
Bidh mi a' faighinn ... a h-uile seachdain.	I get ... every week.
